



'S e Caisteal Tantallon fear de na caistealan is tarraingiche agus is drùidhtiche ann an Alba. Èiridh am balla-cùirteir mòr suas o raointean ciùine glasa. Taobh a-staigh den chaisteal tuitidh an talamh sìos chun na mara fodha.

A' RANNSACHADH CAISTEAL TANTALLON

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



Loidhne-tìm

m1360 Togar an caisteal le Uilleam, Ciad Iarla Dhubhghlais

1491 Caisteal fo shèist aig Seumas IV an dèidh foill an aghaidh an luchd-rìoghail

1528 Bheir Seumas V ionnsaigh air Tantallon fad 20 latha. Cuirear an 6mh Iarla a Shasainn. Ath-ghlacaidh Seumas Tantallon don Chrùn

An dèidh 1528 Obair mhòr ath-thogail. Dìon air a dhaingneachadh; lìonar a-steach seòmraichean is tùir sa bhalla-chùirteir

1543 Tillidh an 6mh Iarla o fhògrachd. Tosgaire Sasannach stèidhichte an seo ri linn an “t-Suirghe Ghairbh”

1566 Tadhaillidh Màiri Banrigh nan Albannach

1650 Tantallon fo ionnsaigh le feachdan Cromwell; millte gu dona; air a thrèigsinn le Iarlaichean Aonghais.

1699 Reicear e ri Sir Hew Dalrymple

Deir. 1800an Bunstructair a’ chaisteal air a dhèanamh tèarainteach

1924 Tantallon fo chùram na stàite



Caisteal Tantallon

’S e Caisteal Tantallon fear de na caistealan is tarraingiche agus is drùidhtiche ann an Alba. Èiridh am balla-cùirteir mòr suas o raointean ciùine glasa. Taobh a-staigh den chaisteal tuitidh an talamh sìos chun na mara fodha. Tha bhith a’ tadhaill ann na dhòigh cuimhneachail tarraingeach air sgoilearan a bhrosnachadh gus dol an-sàs ann an eachdraidh.

Cùl-sgeul Eachdraidheil

Thogadh Caisteal Tantallon mu mheadhan an 14mh linn, is dòcha le Uilleam, Ciad Iarla Dhubhghlais. ’S ann on àm seo a tha am balla-cùirteir mòr agus gabhaidh rian fhaicinn fòs air na tha air fhàgail de na trì tùir mhòra a bha ceangailte ris a’ bhalla.

Mu 1402, chaidh an teaghlach Dubhghlas na dhà mheur: Dearg is Dubh. Bha na Dubhghlasaich Dearga stèidhichte aig Tantallon agus thug iad an tiotail Iarlaichean Aonghais orra fhèin. Cumhachdach agus glòir-mhiannach, chum iad ceann a’ mhaide ri rìghrean na h-Alba ‘s iad ag atharrachadh an dìlseachd gu bitheanta. Thàinig an ciad dùbhlán an 1491 nuair a bha iad ri foill, a’ dèanamh plana Seumas òg IV a thoirt don rìgh Shasannach. B’ e freagairt Sheumais Tantallon a chur fo shèiste o thìr ‘s o mhuir.

An 1525 phòs an 6mh Iarla banntrach Sheumais IV, ga fhàgail mar oide Sheumais V òg. Chum e Seumas fo ghlais an Caisteal Dhùn Èideann gu 1528 nuair a theich an rìgh òg ‘s a thug e ionnsaigh air Tantallon. Phronn fheachdan an caisteal fad 20 latha agus an dèidh làimh thàinig air an Iarla dol air fògradh.

Chuir Seumas mu dheidhinn an caisteal a dhaingneachadh, a’ lìonadh a-steach na seòmraichean ‘s na tùir sa bhalla-chùirteir gus a neartachadh, agus ag ath-thogail ceann a’ bhalla chor ‘s gun cumadh gunnaichean troma air. Chaidh tùr toiseach a chur ris an tùr mheadhanach agus leasaicheadh an dìon a-muigh mun do thill an Iarla, air nach robh aithreachas idir.

Ri linn an ceangail ris na Sasannaich, cha d’ rinneadh cus sgrios air Tantallon aig àm ionnsaigh Shasainn an 1543. An 1651 bha an caisteal gu mòr an-sàs ann an cùisean a-rithist. Thug buidheann de 91 air taobh an luchd-rìoghail sealbh air a’ chaisteal mar am prìomh ionad aca ‘s iad airson bacadh a chur air feachdan Cromwell, a bha a’ feuchainn ri buaidh a thoirt air Alba. Mar fhreagairt air seo, thug 2,000-3,000 saighdear fon t-Seanalair Monk ionnsaigh air a’ chaisteal fad 12 latha, a’ milleadh Tùr Dhubhghlais is an Tùr an Ear cha mhòr buileach, a’ toirt air a’ ghearastan gèilleadh.

O sin a-mach cha robh e comasach do dhuine beò fuireach sa chaisteal agus an 1924 chaidh a chur fo chùram na stàite.



Taic foghlaim agus teagaisg

Tha turas gu Caisteal Tantallon gu h-àraid iomchaidh don luchd-teagaisg a tha ag obair air cuspairean sgoile mar:

- Na Meadhan-Aoisean
- Caistealan

Tha an t-Curraicealam airson Sàr-mhathais ag amas air sgoilearan a bhrosnachadh agus dùbhlán a chur romhpa tro raon farsaing foghlaim. Tha ròl sònraichte aig turais gu làraichean ann a bhith a' ceangail buil an fhoghlaim thar a' churraicealaim. Cuidichidh turas, agus cleachdadh stuth-taice, ann a bhith a' leasachadh:

luchd-ionnsachaidh soirbheachail le bhith a' cur dùbhlán ro sgoilearan smaoinichadh mu mar a dh'atharraich beatha dhaoine. Cuidichidh seo iad ann a bhith a' meòrachadh gu critigeach mu fhianais agus an co-dhùnadh fhèin a dhèanamh.

neachan misneachail. Ionnsachaidh sgoilearan mu ghnèithean de sheann-bheatha an coimhearsnachd, tuigidh iad atharraichean sòisealta, cuiridh iad an luachan fhèin an cèill agus am beachd a thoirt seachad air diofar cheistean eachdraidheil is sòisealta.

daoine glìce ciallach. Cuidichidh e ann a bhith a' toirt barrachd tuigse do sgoilearan air rudan sòisealta is eachdraidheil, a' brosnachadh tuilleadh urrainn do na tha mun cuairt orra de dh'eachdraidh agus do dh'obair-togail an latha fhèin.

daoine a bheir seachad fios gu h-èifeachdach le bhith a' leudachadh eòlas is tuigse sgoilearan tro smaoinichadh rannsachail, cruthachail agus critigeach.

Ron turas

- Cuidich sgoilearan tuigse nas fheàrr fhaighinn air an sgèile-tìm le bhith a' dèanamh loidhne-tìm leotha, a' cunntadh air ais 's gach linn is a' comharrachadh prìomh thachartasan ann an eachdraidh a' chaisteil. Is dòcha gum bi e cuideachail ìrean fa leth den togail ainmeachadh, a' cleachdadh còd dathte is dòcha. Ghabhadh cur ri seo an dèidh an turais.
- Tog deasbad mu structair beatha caisteil. Dh'fhaodadh sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air ròl nan 'urracha mòra' seo: **stiùbhard** (obraichean a' chaisteil); **neach-glèidhidh** (dìon is tèarainteachd); **marasgal** (còmhdhail is conaltradh); agus **sagart/ministear** (cùisean sgrìobhte is spioradail).
- Tog deasbad mu na diofar ghnìomhan a ghabhadh àite ann an caisteal. Dh'fhaodadh sgoilearan diofar chuspairean a rannsachadh (m.e. biadh, siubhal, fèistean, buill-airm) mar ullachadh don turas.
- Tha e feumail ma bhios briathrachas a bhuineas ri caistealan aig sgoilearan oir nì seo deasbad air làraich nas fhasa. 'S dòcha gum bi faclan mar seo feumail: **lios, seòmar, balla-cùirteir, eagan, drochaid-thogalach, eirc-chòmhlha, taigh-chalman, sgiath, slighe-bhogha, lùb gunna, staidhre shnìomhanach (turnpike), caisealachd, canan, sèist, ionnsaigh.** Dh'fhaodadh sgoilearan faclair-sgoile le dealbhan a chur ri chèile a mhìniches na h-ainmean seo.
- Tha e doirbh do chuid de phàistean tuigsinn nach robh a-riamh ann an caisteal ach tobhta. Dèan deasbad mu mar a bheir gaoth is sìde buaidh air coltas togalaich cho math ris an iomadh atharrachadh a nì daoine air togalaichean a dh'aona ghnòthach.
- Tha tòrr dheagh fhianaise air an làraich a bhuineas ri dìon is ionnsaigh chaistealan. Tog deasbad ri sgoilearan mun iomadh dòigh a tha ann seo a dhèanamh.

Obair air an làraich

Agus iad a' rannsachadh a' chaisteil bu chòir sgoilearan a bhrosnachadh sùil chritigeach a thoirt air na chì iad agus teòraidhean a chur ri chèile 's fheuchainn, stèidhichte air fianais chruaidh. Seo puingean-tòisichidh feumail:

- An dùil carson a thogadh an caisteal an seo? Dè an dìon nàdarraich aige?
- Dè an stuth a chleachdadh gus an caisteal a thogail?
- Dè fianais a tha ann air beatha làitheil?
- Ciamar a dh'atharraich an caisteal thar nam bliadhnaichean?

Faodaidh sgoilearan fianais a chlàradh le bhith:

- a' sgrìobhadh nòtaichean
- a' breacadh dhealbhan
- a' gabhail dealbhan-camara
- a' clàradh rudan air teip.

Air làrach-lìn Alba Aosmhor, **www.**

historic-scotland.gov.uk/education_unit gheibh luchd-teagaisg goireasan a bharrachd mar thaic air obair air làraich. Nam measg seo tha a bhith a' cur ri chèile *Clàr Fianaise* agus *Clàr Mo Bheachdan Fhèin*.

Molaidhean-obrach an dèidh an turais

An dèidh an turais faodaidh sgoilearan na fhuair iad a-mach a chur còmhla gus clàr nas coileanta a dhèanamh air a' chaisteal. Dh'fhaodadh seo a bhith mar bhunait do raon ghnìomhan-taisbeanaidh, leithid:

- Leabhar-treòir neo bileag do luchd-tadhail eile
- Taisbeanadh shleamhnagan le aithris mun turas aca
- Sgrìobhadh macmeanmail stèidhichte air beatha nan daoine a bha a' còmhnaidh sa chaisteal no an luchd-ionnsaigh.
- Sreath de dhràma-an a' sealltainn sealladh goirid de bheatha sa chaisteal tro na linntean.



Air lorg Caisteal Tantallon

Tha eachdraidh Caisteal Tantallon an dà chuid mì-shoilleir is iom-fhillte, agus nas miosa ri linn 's gur e Gillesbaig a bha air mòran iarlaichean is Seumas a bh' air mòran rìghrean. Mar sin dheth, thathar a' dìreadh air an togalach fhèin mar fhianais air beatha sna 14mh-17mh linntean.

Tha an t-slighe-turais a mholar a' dìreadh air beatha làitheil taobh a-staigh na tha air fhàgail den chaisteal, le naoi prìomh àiteachan-tadhail, comharraichte air a' phlana air dheas:


1. An Geata a-Muigh
2. Am Balla-Cùirteir
3. An t-Slighe-Steach
4. An Clobhsa
5. Sloc a' Phrìosain
6. An Talla
7. Na Crùislean is an Cidsin
8. Na Caisealachdan
9. An Gunna Mac-samhlach
10. An Taigh-Chalman

Tha Cùl-fhiosrachadh ga thoirt seachad sa phasgan do gach àite. Tha e sgrìobhte ann an cànan sìmplidh chor is gun leughar a-mach do sgoilearan e.


Cuideachd thathar a' moladh ceistean-deasbaid. Thathar a' dìreadh air a bhith a' brosnachadh sgoilearan an togalach a mhìneachadh agus tomhais nas urrainn dhaibh o na chì iad mun cuairt orra fhèin.

Bheir an turas mu uair a thìde.

Plana Caisteal Tantallon



Plana den chaisteal



Iomhaighean den taigh-ghèata atharraichte



Robh fhios agad...

Air suaicheantas an teaghlach Dhubhghlais tha cridhe dearg. Tha seo ann o chionn 's gur e Sir Seumas Dubhghlas, fear de dh'fhìor-dhìlsean Raibeart Bhrus, a thug cridhe Bhrus don Talamh Naoimh an dèidh a bhàis an 1329.



An Geata a-Muigh



Na th' air fhàgail den tùr-ghunna

Nòtaichean turais: air lorg Caisteal Tantallon

Taobh a-muigh Caisteal Tantallon

Seas ris a' phannal pìos beag seachad air oifig an stiùbhaird. Tha e a' sealltainn gur dòcha mar a bha coltas a' chaisteil nuair a thogadh e mu 1350.

An ciad shealladh: faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

Thogadh Caisteal Tantallon còrr is 600 bliadhna air ais leis an teaghlach chumhachdach Dhubhghlais. An dèidh 1400, chaidh an teaghlach na dhà mheur - Dearg is Dubh. Bha na Dubhghlasaich Dearga stèidhichte aig Tantallon 's thug iad an tiotal iarlaichean Aonghais orra fhèin. Bu tric iad an-sàs ann an cealgaireachd poilitigeach 's mar sin bha tòrr nàimhdean aca - mar sin bha feum aca air caisteal daingeann. Uaireannan b' e Rìgh na h-Alba fhèin an nàmhaid! Thugadh ionnsaigh air a' chaisteal uair is uair 's an 1651 chaidh ionnsaigh cho trom a thoirt air gun do dh'fhàg iarlaichean Aonghais e. Chan eil duine sam bith air fuireach ann fad còrr is 300 bliadhna, 's mar sin tha a choltas a-nis glè dhiofraichte seach mar a bha. Agus sinn a' dol mun cuairt, sir fianais air mar a chaidh an caisteal a chur fo ionnsaigh 's a dhìon.

Gabh air a' chadha a dh'ionnsaigh a' chaisteil. Stad mun gheata chloiche mun tèid thu tarsainn drochaid fhiodha an latha an-diugh.

Suidheachadh 1: An Geata a-Muigh

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Nam biodh tu a' toirt ionnsaigh air a' chaisteal, seo an ciad chnap-starradh mhòr. Dh'fheumadh tu a dhol tarsainn na dìge 's an sin tron gheata.
- Bhiodh doras mòr mòr fiodha sa gheata. **Am faic thu an t-slighe-bhogha?**
- Nam faigheadh tu tron doras, bhiodh daoine taobh a-staigh a' chaisteil a' losgadh ort sa bhàd.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Bhiodh agad ri losgadh an nàmhaid sa chaisteal a sheachnadh. Cia mheud toll-gunna a chì thu sa bhalla?	10 toll-gunna.
An dùil carson a bha an tùr beag air do thaobh deas ann?	Tùr-gunna airson chanan.
Dè na bacaidhean eile a chì thu às seo a bhiodh agad ri faotainn thairis orra?	Fuigheall balla cloiche. Obair-thalmhainn togte suas mar bhacadh. Dìg dhomhainn, is dòcha lìonta le uisge.
Chuireadh an geata seo ris a' chaisteal mu sheachd bliadhna an dèidh a thogail. An dùil carson a thog iarlaichean Aonghais e?	Shaoil iad gun robh dìon na b' fheàrr a dhìth. Atharraichean a thaobh seòrsaichean de bhuill-airm.
Nam b' e tusa ceannaird feachdan an ionnsaigh, an dùil dè an rathad a b' fheàrr tron gheata seo?	Beachdan nan sgoilearan fhèin - is dòcha oidhirp am balla a leagail aig astar le clach-bhogha no canan. Gun fhiosta - air feadh na h-oidhche.

Gabh tron gheata 's lean an cadha a dh'ionnsaigh a' chaisteil. Stad mun phannal am meadhan an fheòir a' sealltainn a' chaisteil fo ionnsaigh an 1528.



Robh fhios agad...

Thogadh na pìosan is aosta den chaisteal le clach-ghainmhich dhearg. Ma sheallas tu air na h-àillean faisg air làimh chì thu gur ann às a seo a thàinig a' chlach. Bha na pìosan a chuireadh ris a' chaisteal an dèidh seo togte le diofar seòrsa cloiche - clach-ùrach car uaine. Coimhead a-mach airson nam pìosan uaine 's tu a' dol mun cuairt - còd-datha feumail!



Dealbh neach-ealain de Chaisteal Tantallon- 1360



Balla 's na th' air fhàgail den tùr an ear

Suidheachadh 2: Ri beul a' Bhalla-Chùirteir

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- 'S e am balla mòr mòr seo mu do choinneamh am pìos is aosta den chaisteal. Theirear am balla-cùirteir ris.
- Nuair a thogadh an toiseach e bha trì tùr ann. Fear air chli air an robh Tùr Dhubhghlais. Seo far an robh iarlaichean Aonghais a' fuireach len teaghlaichean. 'S gann gu bheil sìon air fhàgail deth - sgriosadh e mu 350 bliadhna air ais. Sa mheadhan tha an tùr meadhanach. Seo far na dh'fhuirich neach-glèidheil a' chaisteil is urracha mòra eile. Air dheas chì thu fuigheall tùr an ear. Seo far am biodh aoighean a' còmhnaidh 's iad a' tadhail Tantallon. Coimhead air a' phannal-fhiosrachadh a dh'fhaicinn coltas a' chaisteil mar a bha.
- Air bàrr a' bhalla chì thu na caisealachdan às an toireadh luchd-dìon ionnsaigh air an nàmhaid. Chuireadh na pìosan suas-is-sìos, air a bheil eagan (**crenellations**), ris an dèidh sin.
- Thàinig tòrr atharrachaidh air an tùr mheadhanach. Bhiodh dà thùr chruinn na bu lugha air gach taobh den gheata. An dèidh sin thogadh taigh-geata eile air beulaibh nan tùr seo, 's an uairsin thogadh an tùr seo dìreach mu choinneamh an dà thùr thùsail.
- Bhiodh drochaid-thogalach thar na dìge. Ghabhadh seo a shlaodadh suas gus a dhèanamh nas dorra don nàmhaid faighinn a-steach. **Am faic thu na taicean cloiche don drochaid-thogalach?**
- Tha leibeann suas an seo oir chrìon cuid den chloich. Tha muinntir Alba Aosmhor a' feuchainn ris an dòigh is fheàrr a lorg gus a' chlach a chaomhnadh los nach crìon i tuilleadh.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

'S gann gu bheil aon uinneag sa bhalla-chùirteir. An dùil carson?

Carson a tha sliotain sa bhalla?

Seall air an tùr mheadhanach. Am faic thu far an deach na pìosan às ùire a chur ris?

An dùil carson a chaidh atharrachadh cho tric?

Freagairtean a tha a dhìth

Tha uinneagan lag - nas fhasa an caisteal a chur fo ionnsaigh.

Airson losgaidh, is cuideachd gus àile a leigeil a-steach gu na seòmraichean air an cùl.

Is soilleir na pìosan às ùire - togte le clach car uaine.

'S e daonnan slighe-steach caisteil an t-àite is laige - dh'fheuchadh ri a neartachadh is na b' fhasa a dhìon.

Gabh tarsainn na drochaid fiodha caoil, thar na dìge, tron t-slighe-steach, agus seas ann an tobhta an tùir mheadhanaich.



Robh fhios agad...

B' e obair an neach-glèidhidh, no maor-sithe, tè de na h-obraichean cudromach sa chaisteal. Feadhainn eile 's e an stiùbhard, a bha os cionn nan sgalagan uile; am marasgal, os cionn còmhdhail is conaltraidh; agus sagart/ministear, a bhiodh ri litrichean, seirbheisean- eaglais is cùisean spioradail. Is dòcha gum biodh uiread is 150 sgalag ag obair aig Tantallon nuair a bhiodh iarlaichean Aonghais aig an taigh.



Claisean an eirc-chòmhlha



Uinneag a chaidh a dhùnadh a-steach san tùr mheadhanach

Suidheachadh 3: An t-Slighe-Steach is an Tùr Meadhanach

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Bha slighe-steach an tùir fo gheàrd geur. Bhiodh e coltach ri bhith a' dol tro sgrùdadh-tèarainteachd an-diugh. Gheibheadh na geàrdan a-mach cò thu mun leigeadh iad sìos an drochaid-thogalach dhut 's an sin rachadh tu fo mhion-sgrùdadh 's tu a' tighinn tro na geataichean.
- Bhiodh eirc-chòmhlha aig ceann na tranrsa. B' e seo cliath meatailte a ghabhadh slaodadh suas is sìos. Chì thu eirc-chòmhlha air bonn sgillin.
- 'S dòcha gun do dh'fhuirich an neach-glèidhidh san tùr seo. Bha e os cionn tèarainteachd a' chaisteil.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

An dùil carson a tha an tranrsa a-steach cho ìseal cumhaing?

Ciamar a dh'fhaodadh seo a bhith mar dhuilgheadas don teaghlach iad fhèin?

Bhiodh doras aig gach ceann den tranrsa agus fear sa mheadhan. An lorg thu fianais sam bith orra seo?

An lorg thu fianais air far am biodh an eirc-chòmhlha?

Seall suas gu bàrr an tùir. An obraich thu a-mach cia mheadhan làr a bhiodh san tùr seo?

Chì thu gum biodh uinneagan san tùr seo, a' coimhead dhan lios. Carson a bha na h-uinneagan na bu mhotha air an taobh seo?

Seall an taobh eile. Am faic thu uinneag le suidheachain a chaidh a dhùnadh a-steach ri linn atharrachadh a' chaisteil?

Freagairtean a tha a dhìth

Chor 's nach tigeadh a-steach ach duine no dithis aig an aon àm. Nas fhasa a dhìon.

Cha ghabhadh each is cairt fhaighinn tron tranrsa is a-steach gu sàbhailteachd a' chaisteil.

Tuill-crainn a sheallas far an robh na dorsan.

Claisean cloiche a chithear aig ìre ìseal a sheallas far am biodh an eirc-chòmhlha a' dol suas is sìos.

Làr ìseal agus ceithir làr eile.

Sàbhailte - a' coimhead dhan lios. Gun bhagairt tèarainteachd ann.

Os cionn an t-slighe-bhogha agus a' chlàir mar chomharradh air tadhail Banrigh Bhictòria.

Gabh tron doras is seas ris an tobar sa chlobhsa.



A' coimhead suas san tùr mheadhanach



Robh fhios agad...

O thùs bhiodh mullach fiodh air an tobar chor 's nach sèideadh sgudal ann. Bhiodh siostam ulag ann airson nam bucaidean a tharraing suas 32 meatair. An dèidh an caisteal a bhith air a thrèigsinn an 1651 lìon an tobar suas mean air mhean is chaidh e à feum. Chaidh ath-lorg 's a chladhach aig deireadh nan 1800an. Am bu toil leat deoch às a-nist?



Balla a' chaisteil on taobh a-staigh den chlobhsa



An tùr meadhanach is an tobar on chlobhsa

Suidheachadh 4: An Clobhsa

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- B' e an clobhsa lios a-staigh a' chaisteil. An toiseach bha ballachan àrda aig gach taobh den chlobhsa, ach chaidh iad uile leis a' chreig.
- Cuir aghaidh ris a' chaisteal. Air taobh clì an tùir mheadhanaich lorg dà shreath de thuill sa bhalla-chùirteir. Seallaidh seo dhuinn gum biodh togalaichean eile an taic a' bhalla. Bhiodh sailean fiodha sna tuill. Ma choimheadas tu gu dlùth air dheas is dòcha gum faic thu an loidhne far am biodh mullach an togalaich-sa.
- Ged a tha e ris a' mhuir, is tric a dh'fhairicheas tu fasnadh sa chlobhsa. 'S ann o chionn 's gun tig a' ghaoth on tìr a tha seo, on iar-dheas.
- Air taobh na mara den chlobhsa chì thu tobhtaichean. B' e seo an geata-mara, seòrsa de shlighe-steach on mhuir airson bathair a' tighinn far bhàtaichean.
- Cuir aghaidh ris a' mhuir. Air chlà tha bloc an talla mhòir. Chì thu na h-uinneagan mòra a' coimhead air a' chlobhsa.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Seall sìos san tobar. B' ann às seo a bha prìomh uisge a' chaisteil a' tighinn. Tha 32 meatair a dhoimhneachd ann.

Carson a bha iad ag iarraidh an tobar a bhith taobh a-staigh den lios?

Carson a bha geata-mara feumail?

Chor 's gum biodh uisge aca fiù nam biodh an caisteal fo shèiste.

Chor 's gun tugadh bathair on mhuir nam biodh e fo ionnsaigh air an taobh eile.

Bu tric a bha e na bu luaithe siubhal air muir seach tìr - is dòcha gum b' e seo slighe- steach bathair is dhaoine a thàinig air mhuir.

Dionaidh an dìg agus obair-thalmhainn an caisteal air aon taobh. Dè dhìonas e o na trì taobhan eile?

Àillean àrda os cionn na mara.

Cuir aghaidh ris a' bhalla-chùirteir. Gabh air dheas a dh'ionnsaigh Tùr Dhubhghlais. Gabh tro shlighe-bhogha, seachad air dà dhoras is an sin sìos staidhre chas air chli gu ruige am prìosan.



Robh fhios agad...

Chan eil mòran fios againn air cò chaidh a ghlasadh ann an sloc a' phrìosain. Bha dithist cheannaiche, James Rannald is Johnne Mitchell, ann sa bhliadhna 1584 - ach chan fhios carson. 'S dòcha gun d' rinn iad foill air an iarla.



Taobh a-staigh sloc a' phrìosain



Taigh beag sloc a' phrìosain

Suidheachadh 5: Sloc a' Phrìosain

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Cha b' ann daonnan a bha iarlaichean Aonghais ri sabaid is dìon a' chaisteil. Bha iad a' riaghladh na sgìre ionadail. Bha seo a' ciallachadh gun robh aca ri màl a chruinneachadh, duilgheadasan ionadail a rèiteach, agus deuchainnean- cùirte a chumail. B' iadsan a chum suas an lagh san sgìre is mar sin bha feum aca air prìosan gus eucoirich a chumail ron deuchainn.
- B' ann do na prìosanaich cumanta a bha sloc a' phrìosain. Nan dèanadh duine beairteach no uasal rud ceàrr, bhiodh iad glaiste sa chaisteal ach ann an àite na bu chofhurtaile.
- Cum sùil a-mach airson an ùrlair creige. Chì thu gun deach an caisteal a thogail dìreach air a' bhearradh chreagach.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Buinidh staidhre a' phrìosain ri ar latha-ne. An dùil ciamar a gheibheadh prìosanaich a-steach don phrìosan sna seann làithean?

Air an leigeil sìos air ròpa is dòcha, no air an tilgeil sìos, no is dòcha gun robh fàraidhean fiodha ann.

Dè lorgas tu a dh'inneas dhut gun robh doras glaiste air a' phrìosan?

Tuill mhòra do chrainn air cliathaichean na trannsa air bàrr na staidhre.

Bha dà rud sa phrìosan seo a dhèanadh e rud beag na bu chofhurtaile na cuid eile. Dè iad seo?

Fosgladh-àile - bhiodh àile ùr a' tighinn ann.

Taigh beag - garderobe - suas ceumanna beaga.

An dùil am b' urrainn do phrìosanaich teicheadh on phrìosan seo?

Glè dhoirbh - nam b' urrainn dhut thu fhèin a dhraghadh sìos an taigh beag bhiodh tu air bearradh.

Gabh air ais suas an staidhre, 's dìrich an staidhre air dheas dìreach mun tig thu don chlobhsa. Gabh suas an staidhre gus an talla mòr a ruigsinn.



Robh fhios agad...

Aig cuid de dh'fhèistean dh'ainmicheadh cùrsa na feòla le buidheann luchd-trompaid. Bhiodh ceòl san talla cuideachd. Cha b' ann ris a h-uile aoigh a chòrdadh seo geta; thuirte aoigh aig fèist eile gun robh nuallan na pìoba coltach ri "bùirich bhèistean"!



Staidhre a' dol gu galaraidh an luchd-ciùil.



An talla a' sealltainn suidheachadh a' mhullaich.

Suidheachadh 6: An Talla Mòr

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- B' e seo an t-seòmar a bu mhòraile sa chaisteal - an talla mòr. Thachair tòrr rud an seo - fèistean mòra do dh'aoighean cudromach, no dinnearan beaga do dh'iarlaichean Aonghais 's an teaghlaichean. Seo cuideachd far an tigeadh daoine gus am màl a phàigheadh, fàbhar iarraidh, no deuchainn-cùirte a rèiteach.
- Bhiodh galaraidh sònraichte gu h-àrd aig aon cheann den talla, far an cluicheadh luchd-ciùil do na h-aoighean. Fon ghalaraidh b' ann far am feitheadh na sgalagan gus am biadh a thoirt seachad. Seall air an dealbh air a' bhalla is gheibh thu beachd air mar a bha coltas an talla.
- Aig a' cheann eile bha teallach is àrd-ùrlar far an itheadh iarlaichean Aonghais is aoighean cudromach.
- Shuidheadh càch air beingidhean ri bùird fhada air an cumail suas le steilleanan suas is sìos an talla. Lorg an teallach eile a chumadh blàth iad.
- Bhiodh na ballachan còmhdhaichte le obair-ghrèis throm àlainn a chumadh an talla blàth cuideachd.
- Dh'atharraicheadh an talla an dèidh seo. Thogadh mullach na b' àirde is chaidh làr eile a chur a-steach. Sa cheann thall seo far an do dh'fhuirich iarlaichean Aonghais nuair a dh'fhàg iad Tùr Dhubhghlais.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Ciamar a ruigeadh luchd-ciùil an galaraidh? Seall ach am faigh thu a-mach.

Chì thu far am biodh an t-seann mhullach ma sheallas tu air a' bhalla-deiridh nas fhaisge air a' chòrr den chaisteal. Dè cumadh a bh' air a' mhullach?

Dè an fhianais a chì thu gun robh uair làr eile os cionn an talla?

Freagairtean a tha a dhìth

Staidhre bheag shnìomhanach - niste dùinte suas aig a' bhonn - air a' bhalla a-muigh.

Triantanach - tha riantan nan sailean glè shoilleir.

Taicean cloiche a' tighinn a-mach às a' bhalla.

Gabh sìos an staidhre a-rithist is seall a-steach do na crùislean fon talla.



Robh fhios agad...

Bha na teallaichean cho mòr 's gun robh rùm annta do ghille a bhith na sheasamh ri taobh an teine a' tionndadh bior-ròstaidh. 'S e an **turnbrochie** a bh' air.



Fanan sgudail sa chidsin



Na th' air fhàgail de dh'àmhainn sa chidsin

Mu dheas air an tùr mheadhanach chì thu doras beag aig bàrr staidhre. Gabh suas an staidhre chumhaing 's aig a' bhàrr gabh air chli. Gabh air na caisealachdan gus an seas thu aig mullach an tùir mheadhanaich, a' coimhead ri tìr.

Suidheachadh 7: Na Crùislean is An Cidsin

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- 'S e talla eile a bha seo. Bhiodh coinneamhean is fèistean aig na sgalagan ann.
- An dèidh seo roinneadh e na thrì seòmar-stòrais mòr. Phàigh muinntir an àite am màl le biadh 's mar sin bha feum aig iarlaichean Aonghais air àite far an cumadh iad seo - cho math ri fion o thall thairis.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Dè an fhianais a lorgas tu sna crùislean a sheallas nach b' ann mar stòrais a chleachdadh iad an còmhnaidh?	Teallach sa chrùisle mheadhanaich. Taigh beag sa chrùisle a-muigh.
Carson a bha feum aig iarlaichean Aonghais air uiread a rùm airson rudan a chumail?	Gus biadh a chumail gun fhios nach rachadh ionnsaigh a thoirt air a' chaisteal.

Cum ort seachad air na crùislean gus am bi tu far a bheil na th' air fhàgail den chidsin.

- B' e seo cidsin a' chaisteil. B' e is dòcha an t-àite bu bhlàithe agus bu trainge sa chaisteal nuair a bha iarla Aonghais a' fuireach ann. 'S dòcha gun robh dà theallach ann. Am faic thu fuigheall aona chuid dhiubh?
- Bhruicheadh biadh air ceithir dòigh: air a ghoil an coire os cionn an teine, air a ròstadh air bior a thionndaidheadh thar teine, dèanta ann an àmhainn, no uaireannan air a dheatachadh air sgeilpeanan os cionn an teine.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Lorg fuigheall na h-àmhainne. An dùil ciamar a theasaicheadh an àmhainn? Dè seòrsa rud a dhèantadh anns an àmhainn?	Chìthear na th' air fhàgail de dh'àmhainn chruinn. Teas o chonnadh a' losgadh sa mheadhan. Pàidheannan, aran, mìlsean, bonnaich coirce.
An cidsinean an latha an-diugh bidh daonnan sinc. Cò às a fhuair còcairean a' chaisteil an cuid uisge? Lorg far na chuir iad uisge salach.	Thigeadh uisge on tobar sa chlobhsa. Rachadh uisge salach a dhòirteadh sios fanan sgudail sa bhalla a-muigh.
Cò às a fhuair iarlaichean Aonghais am biadh?	Iasg on mhuir 's on abhainn; measan, lusan is glasraich; sealg an fhèidh is an tuirc is choineanach; caoraich, mucan, crodh, gobhair; cearcan, tunnagan, geòidh, calmair; rudan a thig à bainne, mar chàise; cruithneachd, eòrna is coirce, a rachadh a bhleith gu flùr, no gus lionn no beòir a dhèanamh.
Seall air a' phannal-fhiosrachadh sa chlobhsa gus dealbh fhaicinn de sheann choltas a' chidsin. Ciamar a tha e diofraichte on chidsin agadsa aig an taigh? Ciamar a tha e mar is ceudna?	Diofraichte: teintean, gun uisge pìoba, gun phreasan cidsin no solas dealain, gun sgalagan. Mar is ceudna: bòrd, blàths, biadh gu leòr, poitean is sgeileidean, sgeinnean.



Robh fhios agad...

An 1568 mhàrsail Seumas V le arm air Caisteal Tantallon. Agus iad a' caismeachd bha Ding doon Tantalloun! Ding doon Tantalloun! aca, a' ciallachadh gun robh iad airson na ballachan a leagail. An dèidh ionnsaigh fichead latha ruith Seumas a-mach à fùdair 's tharraing e a-mach le fheachdan, ach fhuair na ballachan bualadh trom.



Tobhta an tùir chruinn



Sealladh de na caisealachdan

Aig bonn na staidhre thig a-mach don chlobhsa. Gabh air dheas. Gabh tron doras mu dheireadh air do làimh dheis 's bidh tu ann an seòmar aig bonn an tùir an ear.

Suidheachadh 8: Na Caisealachdan is an Tùr Meadhanach

For ort: tha an staidhre suas gus na caisealachdan dorch corrach is sniomhanach. Ma bheir thu clann suas molamaid gun toir thu iad ann am buidhnean beaga agus gum bi iad **fo stiùir fad na h-ùine**. Ged a tha rèilichean air a h-uile taobh, tha na caisealachdan fhèin lom nocte agus glè àrd agus dh'fhaodadh gum bi cuid a chloinn glè an-shocair an seo. Dèan cinnteach gum bi a' chlann fo stiùir gu dlùth fad na h-ùine. Molamaid **nach** toir thu a' chlann gu fìor mhullach an tùir mheadhanaich oir chan eil cus rùm ann 's tha e lom nocte ris a' ghaoith.

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Tha sinn nar seasamh a-nis air bàrr an tùir mheadhanaich. Nuair a thogadh an toiseach e bhiodh dà thùr chruinn aig bàrr an tùir. Am faic thu tobhta aon dhiubh? Bhiodh iad ceangailte le drochaid chloiche ris an canar drochaid itealaich. Dh'fhaodadh tu bhith nad sheasamh oirre an-dràsta fhèin!
- Dh'atharraicheadh an tùr meadhanach gu mòr gus a dhèanamh nas làidire. Lorg a' chlach car uaine a chuireadh ris an dèidh làimh.
- Seall sìos air an fheur air beulaibh a' chaisteil. Theirteadh an roinn a-muigh ris an àite seo. B' e àite glè thrang a bh' ann. Chìtheadh tu eich gan dèanamh ullamh, luchd-obrach a' togail, ainmhidhean ag ionaltradh. Chan eil ach aon togalach air fhàgail a-nis - an taigh-chalman. Seall air an dealbh air a' phannal-fhiosrachadh.
- Gheibh thu deagh shealladh de na dìgean is na h-obraichean-thalmhainn a thogadh mar dhìon a' chaisteil às seo.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

Seall a-mach airson cruth triantanach a tha togte a-mach às an fheur. Thogadh seo mar àrd-ùrlar-gunna air a bheil **ravelin**. An dùil carson a bha e triantanach?

Chìtheadh tu a h-uile taobh.

Canar eagan (**crenellations**) ris na pìosan den bhalla-chaisealachd a-muigh a tha suas is sìos. Canar **merlons** ris na pìosan a tha stòite, agus **crenels** ris na beàrnan. Carson a tha na h-eagan seo air na caisealachdan?

Faodaidh luchd-dìon iad fhèin fhalach air chùl nam pìosan a tha stòite agus losgadh tro na beàrnan.

Gabh tarsainn an tùir mheadhanaich 's seas air na caisealachdan.

- Seall air fuigheall an tùir mheadhanaich. Chì thu gu soilleir far am biodh na seòmraichean. Thoir sùil air a' phannal-fhiosrachadh a sheallas coltas nan seòmraichean-leapa ri linn iarlaichean Aonghais.
- Agus tu a' dol sìos an staidhre, seall a-steach sna seòmraichean beaga a tha lionta a-staigh le cloich. Cuideachd tha seòmraichean beaga mu bheatha saighdeir is sgalaig.

Spreagadh an Luchd-Teagaisg

Freagairtean a tha a dhìth

An dùil carson a chaidh seòmraichean a' bhalla-chùirteir a lìonadh a-steach le cloich?

Gus a dhèanamh eadhan nas làidire an aghaidh chanan.

An dùil an do dh'obraich seo?

Is coltach gun do dh'obraich - tha am balla-cùirteir fòs iomlan, rud nach eil Tùr Dhubhghlais.



Robh fhios agad...

Bha tòrr mòr uidheamachd cogaidh aig Tantallon. Bha canain mhòra air bàrr nan caisealachdan agus a-staigh sa chaisteal bha gunnaichean na bu lugha. Bha buill-airm eile, spìcean mòra air an robh 'pìcean' is 'pìcean-catha', nan tòrr ri taobh nan geataichean.



Mac-samhla gunna san tùr an ear

Suidheachadh 9: Seòmar-Gunna san Tùr an Ear

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Seo mac-samhla an latha an-diugh den t-seòrsa gunna a bhiodh sa chaisteal mu 500 bliadhna air ais.
- Loisg an gunna seo buill beaga cloiche. Rachadh iad còrr is 500 meatair!

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Lorg an toll sa bhalla tron loisg thu. Canar lùb-gunna ri seo. Seall troimhe. Dè air a bheil an gunna ag amas? Carson?	Air a' gheata a-staigh. Airson 's nam briseadh daoine a-steach tron gheata, ghabhadh stad a chur orra o bhith a' dol na b' fhaide.
An dùil carson a tha an gunna air troilidh fiodha?	Chor 's gun gabhadh a chur san àite cheart, o lùb gu lùb.

Gabh a-mach às a' chaisteal is tron phrìomh dhoras is dèan tarsainn an fheòir air an taigh-chalman.



Toll-canain



Robh fhios agad...

Bha calmain cho luachmhor 's nan loisgeadh tu fear a bhuin don tighearna, 's docha gun rachadh do chur sa phrìosan fad 40 latha.



An Taigh-Chalman

Suidheachadh 10: An Taigh-Chalman

Cùl-fhiosrachadh don Luchd-Teagaisg. Faodar seo a leughadh gu sgoilearan.

- Bhiodh tòrr thogalaichean san àrainn-sa ach seo an aon fhear a th' air fhàgail. Canar 'taigh-chalman' ('dovecot' no 'doocot') ris. Chumadh calmain ann.
- Bha calmain glè luachmhor. Chumadh an taigh-chalman glaiste le geata làidir fiodha.

<i>Spreagadh an Luchd-Teagaisg</i>	<i>Freagairtean a tha a dhìth</i>
Carson a chum iarlaichean Aonghais calmain?	Feòil ùr is uighean fad na bliadhna.
Ciamar a fhuair na calmain a-steach don taigh?	Bhiodh iad ag itealaich tro tholl sa mhullach.
Bhiodh dà chalman 's gach toll. An obraich thu a-mach air thuairmse cia mheud calman a thoilleadh ciad sheòmar an taigh-chalmain?	1000 beagnach - tha mu 480 toll ann.
Dh'itheadh radain uighean nan calman. Seall taobh a-muigh an taigh-chalman. Am faic thu rud sam bith a chuireadh stad air na radain faighinn a-steach?	Dromanan cloiche mun cuairt an taigh-chalman, nas dorra faighinn a-steach.



Tuill taobh a-staigh an Taigh-Chalman.



CnCa

C Dè an àireamh is lugha de dh'ìnbhich a tha dhìth airson stiùiridh?

F1 inbheach do 10 sgoilear.

C An gabh turas treòraichte a chur air dòigh?

F Cha ghabh an-dràsta.

C A bheil e so-ruigsinneach do chiorramaich?

F Gheibh cathair-chuibhle a-steach don chlobhsa ach cha ruigear na caisealachdan, an talla no sloc a' phrìosain ach air staidhre.

C A bheil goireasan bìdh ann?

F Faodar ithe a-muigh air neo fasnadh fhaighinn sna crùislean ri linn droch shìde.

C Càite bheil an taigh beag?

F Tha taighean beaga ri taobh an Ionad-Turasachd.

C An dèan sibh measadh-cunnairt air sgàth nan sgoiltean?

F Tha seo fo chùram an neach-teagaisg a tha mar cheann air a' bhuidheann. Gheibhear fios ann am bileagan-fiosrachaidh cunnairt a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Alba Aosmhor a chuidicheas tidsearan am measadh fhèin a dhèanamh.

C Bheil bùth ann?

F Tha bùth ann a reiceas cairtean- puist, leabhair-treòir is cuimhneachain.

A'Tadhail Caisteal Tantallon

Tadhail ro-làimh: Molamaid gu mòr gun tadhail tidsearan saor 's an asgaidh air a' chaisteal gus a bhith eòlach air an làraich agus air na cunnairtean mun tig buidheann.

Ga chur air dòigh: Cuir fòn gu 01620 892727 gus turas a chur air dòigh, na feuman agad a chur an cèill agus uairean-fosglaidh fhaighinn on Stiùbhard.

Cosgais: Tha e saor 's an asgaidh do bhuidhnean foghlaim is sgoile. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu cò gheibh ann gun chosgais air làrach-lìn Ionad Foghlam Alba Aosmhor.

Àite: Trì mìle an ear air Bearraig a Tuath far an A198.

Parcadh: Bu chòir busaichean parcadh sa chiad phàirc gun tìgear. Nuairsin coiseachd ghoirid gu oifis an stiùbhaird. Na toir busaichean don ionad-parcaidh nas fhaisge air a' chaisteal oir chan eil àite-tionndaidh neo mòran rùm ann.

Slàinte 's Sàbhailteachd: Cum aire air na leanas:

- Tha an làrach-sa glè lom. Aig ìre talmhainn tha bearradh a thuiteas 20 meatair don mhuir. Tha na caisealachdan 20m os cionn an talmhainn. Ri linn seo bu chòir sgoilearan a bhith fo stiùir fìor dhlùth fad na h-ùine, ann am buidhnean ma ghabhas sin a dhèanamh.
- Tha ceumanan sa chaisteal a tha corrach is faodaidh iad a bhith sleamhainn ri linn sìde fhliuch.
- Fiù as t-samhradh 's e làrach lom ghaothach a tha innte 's bu chòir aodach blàth a bhith air sgoilearan.
- Aig àm-sgrìobhaidh tha leibheann air an tùr mheadhanach airson obair-ghlèidhteachais. Bu chòir sgoilearan cumail air falbh o seo.
- Agus sinn dìleas don Turasachd Uaine, iarramaid gun tugar sgudal sam bith air ais don sgoil.

Ionad-Foghlam Alba Aosmhor:

Airson barrachd fiosrachaidh air turasan, gnìomhan is goireasan don luchd-teagaisg, tadhail: www.historic-scotland.gov.uk/education_unit

Goireasan eile

Don luchd-teagaisg:

C Tabraham agus D Grove *Tantallon Castle Alba Aosmhor* 1994. An leabhar-treòir oifigeil; riatanach do thidsearan airson barrachd fiosrachaidh mu ailtireachd is eachdraidh na làraich.

Foghlam Alba Aosmhor *Investigating Medieval Castles in Scotland*, Alba Aosmhor 2005. Ga chur ri chèile don luchd-teagaisg le tòrr cùl-fhiosrachaidh mu bheatha ann an caisteal is molaidhean gu gnìomhan sgoile.

Chris Tabraham *Scottish Castles and Fortifications Alba Aosmhor* 2000.

Gu sgoilearan:

Horrible Histories: *Bloody Scotland* le Terry Deary, Scholastic 1998.

Dualchas Shasainn *What were Castles For?* Usborne Starting Points in History ISBN: 0746052561.

<http://home.freeuk.net/elloughton13/castle1.htm> Stòras math dhealbhan de bheatha caisteil a ghabhas luchdachadh a-nuas.

http://kotn.ntu.ac.uk/castle/castl_fm.html Gnìomhan a tha stèidhichte air Caisteal Nottingham.

www.bbc.co.uk/scotland/education/as/burghlife/ Rannsaich beatha baile an 16mh linn ann an Alba.

Aitheantas

Dealbhan: Dealbhan uile © a' Chrùin, còraichean aig Alba Aosmhor

Teacsa: Elspeth Mackay

Deasaiche an t-Sreath: Sue Mitchell

Deargadh: N&EInteractive

Leagan a-mach is clò-bhualadh: The House

Le taing mhòr a thaobh oidhirpean pearsanta fa leth gu Chris Tabraham agus Luchd-obrach Seirbheisean Tadhaill aig Caisteal Tantallon.